

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 11 GEARRAN 2015

An làthair:	Susan Walker	Neach-gairm
	Colin Kennedy	Iar-Neach-gairm
	William Swann	Coimiseanair
	IG Macdonald	Coimiseanair
	David Campbell	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair (air tele-colabhairt gu 10:25m. An làthair bho 12:10f)
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Arnie Pirie	Coimiseanair (bho 09:50m)
	Kathleen Sinclair	Coimiseanair (bho 09:50m)
	Catriona Maclean	Àrd-Oifigear
	Ian Bryce	Manaidsear Gnothachais
	John Toal	Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan
	Joseph Kerr	Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail
	Neil Macdonald	Ceannard Ionmhais an Gnìomh
	Donna Smith	Ceannard IS
	David Findlay	Neach-lagha
	Morag Menzies	PA don Neach-gairm, Geàrr-chunntas
	Posy MacRae	Manaidsear Conaltraidh
	Anne Williamson	Oifigear Obair-cùise Dhleastanasan
	Fiona MacDonald	Ball den sgioba-obrach
	Betty Mackenzie	Oifigear Conaltraidh
	Finlay Beaton	Oifigear Comhairleachaidh Croitearachd (bho 12:05f)
	Uilleam Smith	Ball den phoball

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan mar a leanas:

Jane Thomas, Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach
Gordon MacDonald, Ceannard Ionmhais

Chuir an Neach-gairm fàilte air David Findlay, neach-lagha ùr a' Choimisein, gun chiad Choinneamh Bùird aige.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Cha robh gin ann.

3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS A' BHÙIRD AIR 10 DÙBHLACHD 2014

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 10 Dùbhlachd 2014.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh coimhead ris na Puingean Gnìomha bhon choinneamh air 10 Dùbhlachd 2014:

- Duilleag 2, an tritheamh puing, thug an t-Àrd-Oifigear fiosrachadh às ùr a thaobh tabhartas de £5,545, am maoineachadh a bha an còrr agus a bha cuimsichte aig toiseach gnothaich air Sgeama Inntigidh Croitearachd, air Caidreachas Croitearachd na h-Alba airson Co-labhairt Chroitearan Òga. Tha an SCF air moladh an t-airgead a chur a dh'ionnsaigh film a dhèanamh leis an ainm 'Conaltraidhean Croitearachd' agus chaidh am moladh seo a chuartachadh gu Coimiseanairean. A' leantainn air an seo, mhol Coimiseanair MacLennan gum bu chòir ìomhaigh àrd a thoirt don Choimisean san fhilm agus bha e ag iarraidh cuideam a chur air Gàidhlig, a rèir Poileasaidh na Gàidhlig. Tha an SCF air molaidhean Coimiseanair MacLennan a chur an gnìomh agus bidh an t-airgead air a ghluasad sa Mhàrt 2015. Chuir an Coimisean aonta ris a' mholadh.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' mholadh, £5,545 de mhaoineachadh an còrr a bha air a chur mu seach do Sgeama Inntigidh Croitearachd airson Co-labhairt Chroitearan Òga, a chur a dh'ionnsaigh film a dhèanamh le Caidreachas Croitearachd na h-Alba leis an ainm 'Conaltraidhean Croitearachd'. Gheibh an Coimisean ìomhaigh àrd san fhilm agus bidh cuideam ga chur air Gàidhlig, a rèir Poileasaidh na Gàidhlig. Bidh an t-airgead air a ghluasad gu an SCF sa Mhàrt 2015.
-------------------	---

- Duilleag 2, an ceathramh puing, chomhairlich Betty Mackenzie, an t-Oifigear Conaltraidh, don Choimisean gun robh am Measadair William Mowatt bho Ronaldsay a Tuath air litir leigeil dheth dreuchd a chur a-steach o chionn ghoirid, an dèidh 40 bliadhna mar Mheasadair. Tha an t-Àrd-Oifigear air sgrìobhadh a thoirt taing dha Mgr Mowatt airson na chuir e ri croitearachd agus a bhith an lùib Lionra nam Measadair thar nam bliadhnaichean. Tha an Coimisean cuideachd airson taing a thoirt dha Mgr Mowatt airson a sheirbheis ionmholta agus comhairle cuideachail thar nam bliadhnaichean.
- Duilleag 4, Nì 7, bha an Neach-gairm airson faighinn a-mach nuair a bhiodh am Pàipear a thaobh structar agus coileanadh aig Coinmneamhan Gnothachais a' tighinn chun a' Bhùird, agus chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum biodh sin aig Coinneamh Bùird sa Mhàrt no sa Chèitean.
- Duilleag 6, Nì 11, a' chiad phuing, chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil i fhathast a' sgrùdadh a' chothroim air dreuchdan luchd-obrach imrich a-mach à Inbhir Nis agus bu mhath leatha deasbad neo-fhoirmeil a chumail le Coimiseanair MacLennan a thaobh seo, oir b' esan an Coimiseanair a dh' iarr seo. Dh'aontaich Coimiseanair MacLennan ris an deasbad.
- Chomhairlich an Neach-gairm gun robh litrichean taing air a dhol gu Richard Frew, David Barnes agus Paul Wheelhouse a chaidh a chuartachadh gu Coimiseanairean, agus tha an Neach-gairm air fios fhaighinn air ais agus taing airson nan litrichean.
- Chomhairlich an Neach-gairm gun robh coinneamh glè dhearbhadh leis a' Mhinistear ùr, Aileen McLeod, agus tha am Ministear gu gnìomhach a' coimhead airson ceann-latha nuair as urrainn dhi coinneachadh ris a' Choimisean.

5 CONALTRÀIDHEAN

(a) Plana Margaideachd is Conaltraidh

Thug Posy MacRae, Manaidsear Conaltraidh, taisbeanadh PowerPoint seachad agus thar-shealladh air an Ro-innleachd Conaltraidh.

Dh'iarr an Coimisean gum biodh uachdarain air an cur ris an Ro-innleachd Conaltraidh agus Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a bhith air a chur ris an liosta de bhuidhnean.

Thèid làrach-lìn a' Choimisein ùrachadh airson a dhèanamh nas fhasa a chleachdadh agus cleachdar na meadhanan sòisealta barrachd is barrachd oir chan eil iad cosgail agus is e dòigh fìor mhath air conaltradh fiosrachaidh.

Chuir an Coimisean aonta ris an Ro-innleachd Conaltraidh agus mhol iad Posy airson an taisbeanadh agus na tha i air a chur de dh'obair don Ro-innleachd.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris an Ro-innleachd Conaltraidh.
-------------------	--

(b) Aithisg Bhliadhnail

Chuir Posy MacRae, Manaidsear Conaltraidh, lethbhric den dreachd Aithisg Bhliadhnail gu Coimiseanairean, a tha fhathast aig ìre thràth leasachaidh. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh làn ath-sgrùdadh air a dhèanamh air an Aithisg Bhliadhnail, gus a cho-shìneadh barrachd ris a' Phlana Chorporra agus cha bhi ann a-nis ach fiosrachadh deatamach.

Thathar an dòchas artaigilean a chruthachadh de gach aon de na Coimiseanairean a' labhairt mu an sgìrean fhèin, agus agallamhan leis an Àrd-Sgioba Riaghlaidh mu dheidhinn an cinn-uidhe airson na bliadhna ri teachd.

Bha an Coimisean toilichte leis na molaidhean agus thugadh taing dha Posy airson a cuid obrach air an Aithisg Bhliadhnail gu ruige seo.

Thàinig tele-colabhairt Coimiseanair MacLennan gu crìch aig 10:25m.

6 ÙR-FHIOSRACHADH MUN CHOMATAIDH GHEARANAN

Coinneamh Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean Dreach Geàrr-chunntas de 14 Faoilleach 2015 agus Ùrachadh

Thug Coimiseanair Macdonald seachad fiosrachadh às ùr a' leantainn air a' choinneamh ràitheil de Chomataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean a chumadh air 14 Faoilleach 2015, a bha a' coimhead ri gearanan a fhuair a' chomataidh sa cheathramh 1 Dàmhair 2014 gu 31 Dùbhlachd 2014.

Fhuair a' chomataidh trì gearanan cudromach agus trì gearanan aig ìre 2. Dh'adhartach na gearanan cudromach gu ìre 2, ach aig deireadh na ràithe bha na gearanan uile a fhuair a' chomataidh air am fuasgladh agus air an dùnadh.

Choimhead a' Chomataidh cuideachd ri còig cùisean a dh'fhaodadh leantainn air adhart gu gearanan.

Tha an SPSO ag iarraidh gun taisbean an Coimisean gearanan sam bith a gheibhear air làrach-lìn a' Choimisein, a' foillseachadh ghluasadan agus na gnìomhan a chaidh a choileanadh, agus sgrùdaidhean chùisean is eisimpleirean gus a thaisbeanadh mar a tha gearanan air cuideachadh le seirbheisean a' Choimisein fiosrachadh agus a leasachadh.

Bha aon de na sgrùdaidhean air gearanan a' bualadh air nach robhar a' cumail ri raointean-ama thagraidhean agus nach robh pròiseas Chlàran na h-Alba air a nochdadh gu follaiseach air na foirmean iarrtais.

A' leantainn air a' ghearann seo, tha na foirmean iarrtais uile air an ceartachadh gus nochdadh gum feum tagraichean a' chroit aca a chlàradh mus urrainnear dèiligeadh ri tagradh riaghlaidh agus a' comhairleachadh gum faod seo toradh ann an dàil san iarrtas.

Thàinig puing ionnsachaidh eile bho neach a chur a-steach gearan a tha air a choileanadh 's air a dhùnadh on uair sin, ach bha gearan ann co-cheangailte ri sgrìobhadh Geàrr-chunntas bho choinneamh. Tha e glè chudromach gum bi am poball a tha an làthair aig coinneamhan air an aithris leis a' Choimisean, agus gu bheil leughadair aithrisean sam bith às dèidh sin, soilleir gu bheil beachdan sam bith a nochdas nam beachdan gach neach fa leth agus nach eil an Coimisean gu riatanach a' cur taic riutha.

Le seo san amharc, tha a' Chomataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean ag atharrachadh am pròiseasan obrachaidh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil aithris air a leughadh a-mach aig toiseach gach coinneamh, a' cur an cuimhne chom-pàirtichean a bhith firinneach agus gum bi nì sam bith a their iad air a chlàradh agus gum faodar a cheasnachadh.

Tha feum air aithris-àichidh aig toiseach nòta sam bith a ghabhar aig coinneamh, a' cuimhneachadh don leughadair gu bheil na beachdan anns an nòta den choinneamh nan clàr air na chaidh a ràdh, agus nach eil e gu riatanach a' nochdadh beachdan a' Choimisein.

Chomarraich Coimiseanair Macdonald gum bi an dreach Geàrr-chunntas de Choinneamh Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean a bha airson fiosrachadh, air aontachadh leis a' Choimisean aig an ath Choinneamh Ghearanan air 15 Giblean 2015, agus an uair sin air a chur chun a' Bhùird airson aonta sa Chèitean.

Bha deasbadan a' gabhail àite mu dhà chùis ghearanan agus chaidh aontachadh gum bu chòir na cùisean sin an deasbad aig Coinneamh Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean agus nach ann aig Coinneamh Bùird.

Rinn an Coimisean deasbad cuideachd air suidheachadh gearain no sgrùdaidh agus a' meòrachadh am bu chòir Sgioba Sgrùdaidh a chur air bhonn, a choimhead ri sgrùdaidhean a-mhàin.

Chaidh aontachadh gun coimhead a' Chomataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean ri molaidhean air mar a dhèiligear le sgrùdaidhean agus am molaidhean a thoirt gu Coinneamh Bùird.

7 ÙR-FHIOSRACHADH MUN CHUNNTAS

Chomhairlich Ceannard IS, de na 16,781 foirmean Cunntais a chaidh a-mach, bha 12,260 air an tilleadh gu ruige seo, sin co-ionann ri 73%. Tha am figear seo mòran nas àirde na bhathar an dùil.

Bidh litrichean ath-chuimhneachaidh a' dol a-mach a dh'aithghearr thucasan nach do fhreagair.

Tha duilgheadasan tòiseachaidh air a thighinn am bàrr leis a' bhathar bhog ach tha an luchd-obrach gu làithreach a' fireanachadh dàta, a' sganadh nam foirmean agus a dh'aithghearr bidh iad comasach air aithisgean a ruith gus aanailis a dhèanamh air an dàta a fhuairleadh.

Tha cuid de fhoirmean air an tilleadh gun fhreagairt sa bhogsa 'Tha' no 'Chan eil'.

Dh'aontaich an Coimisean gum bu mhath leotha iomairt mheadhanan gus croitearan a chomhairleachadh air an àireamh de fhoirmean Cunntais a tha air an tilleadh gu ruige seo, agus feuchainn ris a' chòrr a bhrosnachadh gu am foirmean a thilleadh. Bidh am Manaidsear Conaltraidh a' dèiligeadh leis an seo.

Dh'aontaich an Coimisean gum bu mhath leotha na litrichean ath-chuimhneachaidh a dhol a-mach a dh'aithghearr agus gum faic na Coimiseanairean an litir mus tèid i a-mach, le ceann-latha tillidh air a chur ron ath Choinneamh Bùird air 25 Màrt 2015. Aig a' Choinneamh Bùird, bidh iad ag iarraidh fiosrachadh mun àireamh de fhoirmean Cunntais air an tilleadh agus co-dhùnadh air mar a dhèiligear le feadhainn nach deach a thilleadh.

Chaidh aontachadh cuideachd air Cunntas STWG ath-ghairm leis an Neach-gairm, Coimiseanair Macdonald agus Coimiseanair Dennis, gus beachdachadh air an fiosrachadh a fhuairleadh bhon Chunntas. Cuiridh Ceannard IS a' choinneamh air dòigh.

Dh'fhaighnich an Coimisean mu dheidhinn adhartas an Dleastanais Aithris agus chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh na Riaghailtean Ionaltraidh ùr gan leasachadh agus ceanglaidh seo a-steach don Dleastanas Aithris.

8 AITHISG NA COMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS

(a) Ùr-fhiosrachadh bho William Swann

Thug Coimiseanair Swann fiosrachadh às ùr seachad mun Choinneamh Sgrùdaidh is Ionmhais a chaidh a chumail o chionn ghoirid.

- Tha obair leantainneach a' dol air adhart le leasachadh Poileasaidh Casg-foill.
- Tha an AFC air coimhead ris cùis Coimiseanairean air an taghadh a' dèanamh cho-dhùnaidhean airson an sgìrean fhèin agus thathar air lorg nach eil cunnart sam bith air a bhith ann don Choimisean sa chiad teirm den dreuchd. Ach dh'fhaodadh e a thighinn gu cùis ma tha Coimiseanair air ath-thaghadh airson dàrna teirm agus dh'fheumadh an Coimisean coimhead ris an seo nan tachradh e. Thig Pàipear le molaidhean roghainnean chun a' Bhùird ann an àm a thaobh seo.
- Bheir an AFC Pàipear gu buil a thaobh soilleireachd air Foillseachadh Com-pàirt le Coimiseanairean.
- Tha an AFC air plana obrach aontachadh, leis an Sgrùdaire bhon taobh a-muigh, airson sgrùdadh nan cunntasan.
- Is e an t-atharrachadh anns an structar stiùiridh aon de na raointean ris am bithear a' coimhead am-bliadhna, agus tha an t-Àrd-Oifigear air cinnteachadh don AFC gu bheil a' làimhseachadh nan cunnartan.
- Tha atharrachadh no dhà ri dhèanamh ris a' Chlàr Cunnairt. Tha an Cunntas Croitearachd air a thoirt air falbh agus tha an cunnart a thaobh call dàta ga làimhseachadh agus tha stuthan-taic nan àite.

- A thaobh a bhith a' cur Phàipearan a-mach gu h-eileagtronaigeach gu Coimiseanairean, tha an AFC a' moladh gun lean an Coimisean a' dèanamh seo far an gabh sin a dhèanamh, ach ma tha daoine fa leth nach eil comasach air obair gu h-eileagtronaigeach air sgàth droch cheangal eadar-lìn, gabhar cunntas dhiubh air bunait fa leth.
- A thaobh mòr-chuid de Choimiseanairean taghte a bhith air Comataidhean a' Choimisein, tha an AFC ag iarraidh atharrachadh sna Cumhachan Iomraidh, a' toirt air falbh na facail 'feumaidh dithis den triùir bhall a bhith air an taghadh' gu 'bu chòir don mhòr-chuid a bhith nam buill taghte far an gabh sin a dhèanamh'. Chuir an Coimisean aonta ris an atharrachadh mholta seo anns na Cumhachan Iomraidh.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris an atharrachadh a mhol a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais anns na Cumhachan Iomraidh a thaobh Coimiseanairean taghte a bhith nam buill de Chomataidhean a' Choimisein, gus na facail 'feumaidh dithis den triùir bhall a bhith air an taghadh' gu 'bu chòir don mhòr-chuid a bhith nam buill taghte far an gabh sin a dhèanamh'.
-------------------	---

- Tha an AFC air na rèiteachaidhean àbhaisteach leis na h-In-Sgrùdairean atharrachadh, gus dà nì a bharrachd a ghabhail a-steach, an leasachadh air Casg-Foill agus Ath-sgrùdadh den Luach as Fheàrr. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gur e nì a th' anns an Ath-sgrùdadh den Luach as Fheàrr a dh'fheumas an Coimisean a dhèanamh a thaobh cumhachan riaghlaidh agus faodaidh e a bhith glè chuideachail ann an suidheachadh bunait airson coileanadh ann an diofar dhòighean m.e. conaltradh le luchd-ùidh agus seirbheis theachdaichean.
- Tha am Buidseat airson 2015/2016 air a' bhòrd agus chuir an Coimisean aonta ris a' Bhuidseat. Thog Coimiseanair Swann nach e airgead a dh'fheumas an Coimisean a chosg a th' anns an £310,000 de mhaoineachadh cuideam a bharrachd. Tha e an sin mar mhaoineachadh a bharrachd ma dh'fheumar e airson adhbharan sònraichte.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' Bhuidseat airson 2015/2016.
-------------------	--

- Chomhairlich Coimiseanair Swann gu bheil cunnartan ann fhathast co-cheangailte ri cosgaisean laghail.

Dh'aontaich an Coimisean na molaidhean uile a rinn a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus thugadh taing do na buill, Coimiseanair Swann, Coimiseanair Sinclair agus Coimiseanair Campbell airson an cuid obrach leantainn air a' Chomataidh.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris na molaidhean uile a rinn a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.
-------------------	--

8 SUIDHEACHADH EACONAMACH CROITEARACHD

Chuir Coimiseanair MacLennan an aire a' Choimisein an aithisg fon ainm Suidheachadh Eaconamach Croitearachd a chuireadh air beulaibh na Pàrlamaid san Dùbhlachd agus dh'aithris e gur e sgrìobhainn bunait fìor mhath a bh' ann. Tha buannachd 7:1 de thasgadh le croitearan nan gnìomhachdan croitearachd a' dèanamh cùis mhath don Choimisean na cho-rèiteachadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha an aithisg a' togail air gu bheil cuibheas de 11.75 uairean air an obair gach seachdain. Chan eil an tilleadh cuibheasach lom ach £1000 sa bhlaithna.

Thuir in-chur Colaiste Àiteachais na h-Alba gun robh e tlachdmhor fhaicinn gun robh tionnsgnadh às-làthaireachd a' Choimisein air fhaicinn dearbhach, ach bha croitearan ag iarraidh barrachd cuideam air luchd-gabhail a tha neo-ghniomhach.

Thog Coimiseanair MacLennan cuideachd mura h-eil ath-leasachaidhean CAP ceart, bidh croitearan a' ro-innse lùghdachadh de 25% san tasgadh aca gu figear de £85 millean thairis air an ùine.

Tha an sgrìobhainn a' bunaiteachadh neart croitearachd gu h-ionmhasail don sgìre sa bheil an Coimisean ag obair.

Chuir an Neach-gairm ris gun robh a' chiad aithisg air Suidheachadh Eaconamach Croitearachd o chionn ceithir bliadhna, le dìth doimhneachd anailis agus thugadh fa-near gun robh e misneachail gun deach obair throm-chuiseach don ullachadh air an aithisg làithreach, a' gabhail a-steach fiosrachadh bhon Choimisean agus raon de bhuidhnean eile. Tha toradh air a leithid sin de dhoimhneachd aithisg a' cuideachadh le togail inbhe agus a' sparradh tuigse gu nàiseanta mu chudromachd an t-siostam croitearachd ann an sgìrean dùthachail lag agus iomallach.

10 CO-CHOMHAIRLEAN AIR CHGS AGUS ATH-LEASACHAIDH FEARAINN

CHGS

Thàinig Finlay Beaton, Oifigear Comhairleachaidh Croitearachd, don t-seòmar aig 12:05f agus chomhairlich e gu bheil Sgeama Tabhartais Taigh Croitearachd gu làithreach ga dheasbad agus gu bheil co-chomhairle fosgailte dha, le ceann-latha deireannach aig deireadh a' Mhàirt 2015.

Is e aon de na molaidhean, a lùghdachadh bho thrì roinnean pàighidh gu dà roinn pàighidh, a tha a' ciallachadh ma tha neach nas fhaighe do phrìomh àireamh-sluaigh gheibheadh iad an reata ìosal, agus nam biodh iad nas fhaide a-muigh sna h-Eileanan an Iar mar eisimpleir, gheibheadh iad an reata àrd.

Bha cuid de na Coimiseanairean a' faireachdainn gum bu chòir aon roinn pàighidh a bhith tron Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan gus a dhèanamh nas cothromaiche, ach bha feadhainn eile a' faireachdainn gum bu chòir dà roinn pàighidh a bhith ann le pàighidhean nas àirde do na h-Eileanan, mar gheall air cosgaisean nas àirde. Bha iad a' faireachdainn cuideachd gun robh £28,000 don CHGS fada ro ìosal.

Chomhairlich Mgr Beaton gun robh am Manaidsear Conaltraidh air sgrìobhadh gu Measadairean a dh'iarraidh an in-chur gu freagairt a' Choimisein agus dh'iarr an Coimisean gum biodh ath-chuimhneachain air an cur a-mach gu Measadairean mura robh iad air freagairt.

Dh'iarr an Coimisean air Mgr Beaton freagairt a dhreachadh airson na co-chomhairle air CHGS agus an dreach a chuartachadh gu Coimiseanairean air post-d airson an aonta. Dh'aontaich an Coimisean gum moladh iad gum bu chòir an CHGS a bhith air a mheudachadh gu £65,000 agus gum feum iad cùis glè làidir a thogail.

ATH-LEASACHAIDH FEARAINN

Chuir an Neach-gairm lethbhric de cheistean de Cho-chomhairle Ath-leasachadh Fearainn agus dreach freagairt a chuireadh ri chèile leis an Neach-gairm, Coimiseanair Campbell, Coimiseanair MacLennan agus Finlay Beaton. B' e 10 Gearran 2015 an ceann-latha deireannach airson cur a-steach fhreagairtean ach chaidh a chomhairleachadh don Choimisean gu bheil aca gu 12 Gearran airson am freagairt aca a chur a-steach.

Chuir an Coimisean aonta ris an dreach fhreagairt don Cho-chomhairle Ath-leasachaidh Fearainn.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris an dreach freagairt don Cho-chomhairle Ath-leasachaidh Fearainn.
-------------------	--

Chomhairlich an Coimisean gu bheil iad mothachail don uimhir mhòr obrach ris an robh aig Finlay ri dèiligeadh, agus thugadh taing dha airson na h-obrach a tha e air a chur do na sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh uile.

11 ÙR-FHIOSRACHADH STWG BHO CHOIMISEANAIREAN

Riaghailtean Ionaltraidh STWG – Chomhairlich Coimiseanair Macdonald gu bheil STWG a' gluasad air adhart agus gu bheil Ian Bryce, am Manaidsear Gnothachais, air Geàrr-chunntas a thoradh den obair a rinneadh gu ruige seo.

Tha am Measadair, Joyce Wilkinson, air a co-thaghadh gu STWG agus bidh aon choinneamh eile ann mus toirear na builean gu Coinneamh Bùird.

Prìomh Chomharran Coileanaidh STWG – Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheilear air aontachadh ris na Prìomh Chomarran Coileanaidh (KPI) eadar-amail, agus air an cur gun Roinn Urrasachd. Tha Ceannard IS air ceann-latha na h-ath choinneamh a chur air dòigh, gus coimhead gu sònraichte ri builean.

12 AITHISG GHOIRID AIR TACHARTASAN FRITHEILTE LE CHOIMISEANAIREAN

Thug na Coimiseanairean seachad fiosrachadh às ùr air coinneamhan a bha iad air a fhrithealadh on Choinneamh Bùird mu dheireadh:

Iar-Neach-gairm Kennedy – A' Bhuidheann Crois-Phàrtaidh ann an Dùn Èideann far an tug Coimisean na Coilltearachd taisbeanadh a thaobh SRDP agus chomhairlich iad gum faodadh £3,000 gach heactair a bhith air a thoirt ann an tabhartasan airson coilltearachd. Chomhairlich iad cuideachd gun robh 2015 gu bhith na bhunait airson a' Phàighidh Tuathanais Singilte.

Coimiseanair Swann – Coinneamh Bùird HIE air 10 Gearran 2015.

An t-Àrd-Oifigear – Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun do choinnich i fhèin agus an Neach-gairm ri Àrd-Oifigear agus Cathraiche HIE a dheasbad leasachadh croitearachd agus geo-pileatadh. A' leantainn air an sin, choinnich an t-Àrd-Oifigear leis a' Cheannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail, Hughie Donaldson agus Neil Ross bho HIE, agus chaidh aontachadh gum biodh àiteachan nàdarraich ann far am biodh an Coimisean airson a bhith an sàs ann an geo-pileat, agus bidh deasbadaan a' gabhail àite mu dheidhinn nan sgìrean as freagarraiche.

Bha deasbad ann a thaobh croitearan a dh'fheumadh cead dealbhachaidh fhaotainn mus b' urrainn dhaibh tagradh airson di-chroiteadh agus chaidh aontachadh gun coimhead an Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan ri cùisean poileasaidh mu thimcheall an t-suidheachaidh, a dh'fhaicinn a bheil suidheachadh ann far an toireadh an Coimisean an riatanas seo air falbh.

Coimiseanair Dennis – Riaghailtean Ionaltraidh STWG agus seiminear san Eden Court air a ruith le Institiùd James Hutton fon ainm 'Transgrass', mu dheidhinn talamh feòir agus ionalttradh.

Coimiseanair Campbell – Coinneamh Oighreachdan is Fearann Alba a bha Coimiseanair Campbell an dùil a fhrithealadh ach chaidh a cur dheth air sgàth atharrachadh sa Chathraiche. Gabhaidh i àite a-nis anns na 2-3 seachdainean a tha romhainn.

Coimiseanair Macdonald – Riaghailtean Ionaltraidh STWG, Coinneamh Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean agus Coinneamh Mapaidh Coimhearsnachd le Clàran Alba ann an Ulapul.

Neach-gairm – Coinneamh le Ronnie MacRae bho Urras Taigheadais Choimhearsnachdan Beaga na Gàidhealtachd san Dùbhlachd, coinneamh airson freagairt a' Choimisean a chrìochnachadh don Cho-chomhairle air Ath-leasachadh Teachdail Fearainn ann an Alba, sreath de choinneamhan ann an Dùn Èideann thairis air dà latha: Buidheann Luchd-ùidh Reachdas Croitearachd SG, coinneamh leis a' Mhinistear ùr Aileen McLeod, Coinneamh Fòram Luchd-ùidh Croitearachd SG, Fòram Luchd-ùidh Clàr Chroitean RoS, coinneamh le Irene Morrison a thaobh riochdachadh cothromach agus co-ionann de dhaoine gu Bùird, Coinneamh Buidheann Crois-Phàrtaidh agus tele-colabhairt le Barbara Brown, Clàrc do Chùirt an Fhearainn.

Coimiseanair MacLennan – Cathraiche air dà choinneamh Chlàran Alba agus frithealadh Coinneamh Comataidh Croitearachd Co-chomhairleachadh Ùghdarrais Ionadail.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun do fhritheil i Fòram nan Àrd-Oifigear o chionn ghoirid far an robh taisbeanadh mu dheidhinn 50/50 ro 2020, far a bheil iad airson gum bi boireannaich a' dèanamh suas 50% de Bhuill Bùird ro 2020. A thaobh Bòrd Coimisean na Croitearachd, chan urrainn don Choimisean smachd a chumail air an àireamh de bhoireannaich a nì tagradh no a tha air an bhòtaidh chun a' Bhùird.

Bu mhath leis an Àrd-Oifigear faighinn a-mach mun chomasachd air croitearan òga a stiùireadh, aig am faodadh ùidh a bhith nam Ball den Bhòrd san àm ri teachd.

13 CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH

25 Màrt 2015 – An taigh-òsta Rìoghail, Ulapul.

14 GNETHAICH DEATAMACH SAM BITH

- Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun d' fhuair i cuireadh bho Riaghaltas na h-Alba a bhith na Ball Bùird air buidheann liubhairt a tha dìreach air a leasachadh le Ministear nan Cùisean Dùthchail. Is e Bòrd Liubhairt Biadh is Àrainneachd Chùisean Dùthchail an t-ainm a bhios air a' Bhòrd, agus is e a lèirsinn coimhearsnachdan, nàdar agus an eaconamaidh fhaicinn a' soirbheachadh còmhla. Bidh am Bòrd ùr a' coinneachadh sia tursan sa bhliadhna.

Tha an t-Àrd-Oifigear air an dreuchd seo a dheasbad leis an Neach-gairm agus chaidh aontachadh gun robh e iomchaidh dhi an dreuchd seo a ghabhail, ach bidh i a' tarraing air ais mar bhall den Chomann Lagha. Bheachdaich an Neach-gairm gun robh e misneachail a bhith a' faicinn gum biodh an Coimisean air a riochdachadh air a' bhòrd ùr seo agus gu bheil a' tuigsinn an luach a tha an t-siostam croitearachd a' cur ri cùisean dùthchail.

- Dh'iarr Iar-Neach-gairm Kennedy cead airson cùis dheatamach a dheasbad aig a' Choinneamh Gnothachais.

- Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheilear air iarraidh air a' Choimisean beachdan a thoirt seachad a thaobh briathrachas an Ionnsramaid Reachdail a thaobh atharrachaidhean gu CCAGS agus sgaoil i lethbhric den sgrìobhainn gu Coimiseanairean.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil i air iarraidh air Finlay Beaton, Oifigear Comhairleachaidh Croitearachd, coimhead ris a' cho-chomhairle sa bhad às leth a' Choimisein.

Chaidh Mgr Beaton tro na h-atharrachaidhean san amharc agus thuirt e, ged is e nì math a th' anns a' mheudachadh a thathar a' moladh, is e a chomhairle don Choimisean mura meudaich iad an reata as àirde, tha a' mheudachadh ann an CCAGS gun bhrìgh sam bith.

Tha CCAGS a' moladh cuideachd suas ri £500 a thairgsinn do chomataidh ionaltraidh a tha air a chur air bonn-stèidh ceart.

Thuirt Mgr Beaton gun dreachadh e freagairt don cho-chomhairle an-diugh agus a-mach air post-d gu Coimiseanairean airson am beachdan agus an aonta, gus an ceann-latha deireannach airson freagairt a choileanadh.

15 TOIRMEASG AIR MEADHANAN AGUS POBALL

Thàinig a' choinneamh gu crìch aig 12:50f.